

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh**

**10/9/25, 1000-1300**

**Teams**

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Calum MacLeòid (sa Chathair) Calum Steele  
Ingrid NicEanraig Lachlan Peel  
Iain Moireasdan (Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)  
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh)  
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)  
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)  
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)  
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd)  
Iain MacGillloosa [IG] (Ceannard IT) – puing 6  
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2. Gnothaichean dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (27/5/25) & GAE**

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Ingrid NicEanraig agus daingnichte le Calum Steele.

3.2 A' leantainn air cuspair bhon choinneimh mu dheireadh, a thaobh ciamar a bhios sinn a' tomhas a' bheàirn pàighidh eadar ghnèithean, dhaingnich SMD gu bheil e air a thomhas a rèir ìre uair a thìde, ge bith a bheil e làn-ùine no pàirt-ùine. Chan eil *overtime* dha thoirt a-steach don chùis idir.

3.3 Chaidh innse, a rèir Oifis nan Staitistig Nàiseanta, gur e £17.88 am pàigheadh meadhanach airson boireannach san RA – *median* seach gu cuibhseach - agus 's e àireamh MG ALBA

£17.85 agus mar sin beagan nas ìsle. Ach is e £19.24 am pàigheadh meadhanach airson fireannach san RA agus is e £21.01 am pàigheadh meadhanach airson fireannach aig MG ALBA. Tha sin ag adhbharachadh beàrn de 15% an taca ris an fhigear nàiseanta de 7%. Tha barrachd boireannach na fireannaich ag obair aig MG ALBA ach de na fireannaich as lugha, tha mòran dhiubh ann an dreuchdan riaghlaidh. Gu inntinneach, aig ìre nàiseanta, tha a' bheàirn pàighidh eadar gnèithean ag àrdachadh anns na buidhnean aoise as àirde. Thathas cuideachd a' coimhead ri seo taobh a-staigh gnothaichean EDI.

#### **4. Pasgan Cunntasachd Q1 2025-26**

- 4.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh nam ball agus bhruidhinn SMD air.
- 4.2 Chaidh mìneachadh a thoirt seachad air na h-adhbharan gu robh barrachd airgid na bha an dùil aig deireadh a' chairteil - ri linn 's nach deach cuid a bheàrnan-obrach a lìonadh - ach gu bheil an t-airgead seo air a dhol gu cinn-bhuidseatan eile. A thaobh nan beàrnan-obrach thathas fhathast ag obair air na feumalachdan ach le dùil gun tachair sin aig deireadh na bliadhna, le obair margaidheachd uabhasach cudromach a lìonadh.
- 4.3 A' coimhead air adhart (forecast) tha a h-uile nì mar bu chòir. Chaidh a dhaingneachadh nach eil duilgheadas ann a thaobh airgead a bhith sa bhanca aig deireadh na bliadhna ma tha e air a ghealltainn (committed) airson prògraman agus gu bheil cùmhnantan an àite agus gum bi an t-airgead dha chosg sa chiad chairteil den ath bhliadhn-ionmhais.
- 4.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte.

#### **5. OKR Dashboard Q1 2025/26**

- 5.1 Bha pàipear agus OKRan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 5.2 Chaidh innse gu bheil e gach bliadhna duilich pàtrain fhaicinn ann an Q1 ach gum bi cùisean nas soilleir bho Q2 air adhart.
- 5.3 San fharsaingeachd tha àireamhan YouTube agus na meadhanan sòisealta àrd ach cha robh àireamhan loidhneach no iPlayer cho soirbheachail 's a bha iad sa chairteil roimhe.
- 5.4 Chaidh mothachadh (awareness) a dheasbad agus chaidh innse gu bheil gach seanail a' strì le seo, leis nach eil aire aig luchd-coimhid càite bheil iad a' coimhead susbaint. Chaidh a dhaingneachadh gun cuidich goireas margaidheachd le seo.
- 5.5 Chaidh innse gu feumar èifeachdasan a chur an gnìomh in-taigh mus tèid coimhead ri pìleat airson seachdain 4 là a chur an gnìomh.
- 5.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachte agus toilichte le coltas ùr na OKRan.

## 6. Frèam-obrach Dearbhaidh

6.1 Bhruidhinn KMK agus SMD mu phàipearan a bh' air beulaibh bhall.

### *Dashboard*

6.2 Bha *dashboard* ùraichte air beulaibh bhall.

6.3 Chaidh fàilte a chur air, le buill ag aithneachadh gu robh seo mar phrìomh inneal airson na Comataidh agus bha iad den bheachd gu robh e furasta a thuigsinn agus soilleir. Thèid a' chiad duilleag a leasachadh.

6.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte agus toilichte leis a' choltas ùr. Bheir iad seachad beachdan a thaobh a neartachadh nuair a chuireas iad barrachd eòlas air.

### *"Deep Dive" air Duty of Care*

6.5 Fo ìre an Dashboard, bha sgrùdadh mionaideach air aon chuspair: *duty of care*. Bha pàipear agus chaidh a chomharrachadh.

6.6 Tachraidh a' mhion-sgrùdadh air na cuspairean uile thairis air coinneamhan an dà bhliadhna air thoiseach.

6.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

### *Sgrùdadh in-taigh - leasachaidhean/atharrachaidhean a chaidh a chur an gnìomh bhon sgrùdadh in-taigh air Foill*

6.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte, le aithne gun tèid poileasaidh Foill air beulaibh a' Bhùird air 18/9 airson a chomharrachadh.

6.9 **Gnìomh**: tha obair sgrùdaidh ga dhèanamh air so-mhaoin shuidhichte agus thig seo air beulaibh buill aig an ath choinneamh. (SMD)

### *An ath sgrùdadh in-taigh*

6.10 Bha plana airson sgrùdaidhean in-taigh air beulaibh bhall. Le sgrùdadh air Dìon-saidhbear a' tachairt air a' mhìos seo thuirt IG gu robh cùisean a dol gu math agus gu àireamhan a' dol suas ann a bhith a' dìon na buidhne.

6.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.

## 7. Clàr Riosgan

### *a) Clàr nan Riosgan*

7.1 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.

7.2 Chaidh coimhead ri na trì riosgan air am meas aig an ìre as àirde. B' iad na prìomh phuingean deasbaid:

- Riosg 17 – “Medium term funding is reduced or impacted eg: by economic recession” – thèid beachdachadh air “political change” a chur ris;
- Tha conaltradh agus coinneamhan a’ leantainn le luchd-poilitigs, le aithne air buaidh a dh’fhaodadh a bhith ann ri linn atharrachadh riaghaltais;
- Thathas air coinneamh iarraidh leis an Rùnaire Stàite ùr airson Alba agus le Ian Murray BP a tha a-nis ann an roinn DCMS;
- Thèid dàimhean a thogail leis a’ phartaidh Uaine agus le Reform.
- Thèid nas urrainn a dhèanamh leis an Leas-phrìomh Mhinistear fhads a bhios i san dreuchd.
- Riosg 19 – thèid briathrachas a leudachadh gus a dhèanamh soilleir gu bheileas a’ a’ bruidhinn ri luchd-ùidhe agus maoineadaran.

7.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

#### *b) Clàr Riosgan ùraichte*

7.4 Bha eisimpleir de chlàr riosgan ùr air beulaibh bhall, le sùil a bhith a’ sìmpleachadh ghnothaichean agus a’ cur mapaichean teas chun Bhùird.

7.5 Bha faireachdainn ann gum biodh e feumail fòcas cuideachd a chur air riosgan a tha air fàire/a’ gluasad suas ìrean.

7.6 Bha aonta ann gur e obair na Comataidh a bhith a’ sgrùdadh nan riosgan ann an doimhneachd agus gu bheil e gu leòr na riosgan air am measadh aig ìre àrd a bhith aig a’ Bhùird ach thèid a’ cheist sin a chur air a’ Bhòrd air 18/9/25.

7.7 **Co-dhùnadh:** 1) bha buill riarachte.

7.8 **Gnìomh:** thig na prìomh riosgan air beulaibh a’ Bhùird. (UML)

## **8. Plana Leantainneach Gnothaich**

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

8.3 **Gnìomh:** an dèidh an sgrùdadh air Dion-saidhbear a bhith ullamh, thèid coimhead ri ionnsaidh saidhbear mas fhìor a chur fo dheuchainn. (UML)

## **9. Aithisg Gèillidh Àrainneachd**

9.1 Bha an aithisg air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.

- 9.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche ach le aithne gum biodh *dashboard* a' sealltainn adhartas (RAG) na b' fheumaile a' dol air adhart.

## 10. Poileasaidhean

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh chuid a phoileasaidhean a tha an-dràsta.

### *Sgrùdadh air Poileasaidhean Cunntasachd*

- 10.2 Chaidh lèirmheas bhon taobh a-muigh a dhèanamh air Poileasaidhean Cunntasachd. Chaidh sùil a thoirt gu h-àraidh air poileasaidh aithneachaidh cosgais phrògraman, oir is e sin an àireamh as motha a tha ann an Cunntasan MG ALBA agus tha atharrachadh air a bhith ann o chionn ghoirid ann am poileasaidh a' BhBC san raon seo. Bha an aithisg air beulaibh bhall agus bha i a' moladh gun tèid consumption pattern susbaint MG ALBA a mheasadh gus dèanamh cinnteach gu bheil MG ALBA ag aithneachadh cosgais phrògraman ann an dòigh a tha reusanta.
- 10.3 Thuirt SMD ged nach deach iarraidh leis an luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh seo atharrachadh, gum biodh e iomchaidh agus glic coimhead ri poileasaidh na buidhne a thaobh mar a dh'aithnicheas sinn cosgaisean ar prògram anns na cunntasan againn.
- 10.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche ach le aithne gu feumar an tuilleadh fiosrachaidh.
- 10.5 **Gnìomh**: thig pàipear chun na h-ath choinneimh le sgrùdadh agus moladh. [\(SMD\)](#)

### *Poileasaidh Cùl-stòran*

- 10.6 Chaidh a sgrùdadh agus cha robh atharrachaidhean sam bith a dhìth.
- 10.7 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.

### *Sgrùdadh air frèam-obrach poileasaidhean*

- 10.8 Thathar an dùil sgrùdadh air frèam-obrach poileasaidhean a dhèanamh ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean na buidhne uile gnàthach, a rèir riaghailtean, cunbhalach ann an cruth, agus a rèir deagh chleachdadh. Thathar an-dràsta a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr an obair seo a dhealbhadh.
- 10.9 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.

**11. Aithisg cleachdaidh cairtean creideis**

11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air ceumannan smachd a bharrachd a chaidh thoirt a-steach gus dèanamh cinnteach gu bheil caiteachas cairt creideas air a cheadachadh gu h-iomchaidh.

11.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

**12. GISBE**

Chaidh meal-a-naidheachd a chur air KMCK a tha a-nis na Neach-cunntais Teisteanas Clàraichte.

**13. Deit na h-ath choinneimh – 25/11/25**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: